

An Teamlaid aig Bòrd na Gàidhlig airson Plana Gàidhlig

Notaichean airson na teamlaid aig Bòrd na Gàidhlig airson cuideachadh le bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig

Chaidh an teamlaid seo a chruthachadh às dèidh do Bhòrd na Gàidhlig iarrtasan fhaighinn bho ùghdarrasan poblach agus iad ag iarraidh stiùireadh a chuidicheadh iad ann a bhith ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig. Chan eil an teamlaid seo a' dol an àite no a' gabhail thairis an Stiùiridh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig aig a' Bhòrd, 's e a tha fa-near dhuinn goireas feumail eile a thoirt seachad a dh'fhaodas daoine a chleachdadh nuair a tha iad ag ullachadh plana.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' tuigsinn gum bi suidheachadh àraid aig gach ùghdarras poblach fa leth, agus tha sinn an dùil gum bi na diofar phlanaichean air an dealbh gus freagairt air na suidheachaidhean eadar-dhealaichte a bhios ann. Ge-tà, tha Bòrd na Gàidhlig ag iarraidh gum bi structar nam Planaichean Gàidhlig a rèir na thathar a' moladh san Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig agus thathar a' sùileachadh gun coimhead gach ùghdarras poblach air an t-suidheachadh aca fhèin agus gun comharraich iad na dòighean as èifeachdaiche agus as pragtaigiche san urrainn dhaibh na dleastanasan aca a choileanadh a rèir prionnsapalan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Bu chòir teacsa freagarrach a chur a-steach don teamlaid seo a rèir an t-suidheachaidh a th' aig gach ùghdarras poblach fa leth agus a tha dol a rèir na thathar a' moladh san Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Thathar a' moladh teacsa is bhriathran airson cuid de na h-earrainnean san teamlaid, ach faodaidh ùghdarrasan na paragrafan sin atharrachadh no ath-sgrìobhadh ma tha iad ga mheas iomchaidh.

Ann am Plana Gàidhlig, bu chòir targaidean is cinn-latha shoilleir a bhith ann a thaobh nan gnìomhan a tha rin coileanadh agus bu chòir dha a bhith soilleir cò ris a tha e an urra na targaidean a choileanadh. Bu chòir don phlana a bhith air a sgrìobhadh ann an dòigh a nì cinnteach, nuair a leughas ball den phoball am plana, gum bi e furasta dhaibh a thuigsinn dè tha an t-ùghdarras poblach a' gealltainn a dhèanamh.

Bu chòir dhuibh Plana Gàidhlig dà-chànanach ullachadh agus bu chòir dhuibh cothrom a thoirt don uiread as urrainn dhuibh den mhòr-shluagh, de bhuidhnean is comainn Ghàidhlig, agus de dh'ùghdarrasan poblach buntainneach am plana fhaicinn nuair a tha an co-chomhairleachadh ga chumail.

San teamlaid seo:

- Tha notaichean stiùiridh ann an gorm
- Tha an teacsa a thathar a' moladh ann an dubh

An Duilleag-aghaidh

[Ainm an Ùghdarras Phoblaich agus an suaicheantas aca]

PLANA GÀIDHLIG

[Ùine a' phlana, me, 2015-20]

Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrainn 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chuir Bòrd na Gàidhlig aonta ris air [\[cuiribh ceann-latha a-steach\]](#)

Nota - [Cha bu chòir](#) do shuaicheantas Bhòrd na Gàidhlig a bhith nochdadh air duilleag-aghaidh a' Phlana Ghàidhlig no air pàirt sam bith eile dheth nuair as e dreachd a th' ann.

Facal-toisich

Bu chòir seo a bhith air a sgrìobhadh leis an Oifigear Chunntachail agus / no cathraiche na buidhne agaibh le iomradh soilleir air mar a tha a' bhuidheann agaibh air cur roimhe taic a thoirt do dh'Achd 2005, agus bu chòir innse gur e plana corporra a th' ann a tha mar phàirt de dhleastanasan corporra na buidhne agaibh.

Bu chòir dhuibh am facal-toisich a chleachdadh gus prìomh phrionnsapalan a' phlana a chur an cèill, gu h-àraidh:-

- Spèis Cho-ionann
- Cothroman Follaiseach
- Na cinn-uidhe a th' aig an ùghdarras phoblach agaibh san ùine fhada airson na Gàidhlig

Prionnsapalan coitcheann eile air am faodar beachdachadh:

- Geallaidhean reusanta is freagarrach
- Fàs mean air mhean
- Gàidhlig na nì àbhaisteach
- Fastadh is trusadh luchd-obrach
- Planadh Cànanain (a' gabhail a-steach Leasachadh Corpas na Gàidhlig)

Thathar a' moladh gum bi clàr-innse anns gach plana feuch am bi e nas fhasa don neach-leughaidh nithean a lorg sa phlana.

CLÀR-INNSE

Ro-ràdh	7
Mineachadh air Dleastanasan na Buidhne agaibh agus Fios air far a bheil na h-Oifisean aice	7
Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus a' Toirt Seachad Fios-plana:	7
Aonta ri Plana Gàidhlig [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo]:.....	8
Co-chomhairleachadh air an Dreachd den Phlana Ghàidhlig againn:	8
Sùil fharsaing air a' Ghàidhlig ann an Alba.....	8
Gàidhlig an lùib Obair [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo].....	9
Sgrùdadh air Comasan Gàidhlig an Luchd-obrach	9
Am Plana Gàidhlig an Lùib an Structair Chorporra	11
Gàidhlig an Lùib Planaidh is Phoileasaidhean	13
A' Dèanamh Gàidhlig na Pàirt Àbhaisteach de dh'Obair an Ùghdarrais.....	13
Am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig	13
A' Toirt Taic do Chinn-uidhe a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig	15
Prìomhachasan Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba.....	20
Prìomhachasan an Riaghaltais Ionadail.....	20
Geallaidhean a' Phlana	22
Geallaidhean Àrd-ìre	21
Geallaidhean a thaobh Ìrean Seirbheis	22
Coileanadh is Sgrùdadh	27
Clàr-ama	27
A' Foillseachadh a' Phlana	27
A' Toirt a' Phlana am Follais.....	27
Mar a Thèid am Plana a Mhaoineachadh.....	28
A' Sgrùdadh Coileanadh a' Phlana.....	28

Eàrr-ràdh 1 – Sgrùdadh air Comasan Gàidhlig an Luchd-obrach**Error! Bookmark not defined.**

Eàrr-ràdh 2 – Toraidhean a' Cho-chomhairleachaidh 30

Eàrr-ràdh 3 – Lethbhreac de Phoileasaidh Gàidhlig a th' agaibh mu thràth 31

RO-RÀDH

MÌNEACHADH AIR DLEASTANASAN NA BUIDHNE AGAIBH AGUS FIOS AIR FAR A BHEIL NA H-OIFISEAN AICE

Thathar a' moladh gum bi geàrr-chunntas air na leanas san earrainn seo:-

- Dleastanasan is uallaichean reachdail an ùghdarras phoblaich agaibh.
- Structar na buidhne, a' gabhail a-steach structaran stiùiridh is aithrise.
- Far a bheil na h-oifisean aig an ùghdarras.
- An earrainn den phoball air a bheil iad a' frithealadh.

Cuideachd san earrainn seo faodaidh fiosrachadh leithid na leanas a bhith ann:

- eachdraidh ghoirid air cuin agus ciamar a chaidh a' bhuidheann agaibh a stèidheachadh
- dealbh deamografach, sòisealta is eaconamach den bhuidhinn
- an àireamh de luchd-obrach agus am buidseat iomlan a th' aig a' bhuidhinn agaibh
- mar a tha an t-ùghdarras agaibh a' cur phrìomhachasan an sàs co-cheangailte ri reachdas nàiseanta

ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005 AGUS A' TOIRT SEACHAD FIOS-PLANA:

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann don Bheurla.

'S e aon de na h-earrainnean as cudromaiche de Achd 2005, an cumha a tha toirt ùghdarras do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an cumha sin a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gun cuidicheadh an roinn phoblach ann an Alba le bhith gleidheadh na Gàidhlig san àm ri teachd agus iad a' cur ri inbhe is ìomhaigh a' chànain agus a' cruthachadh chothroman pragtaigeach gus an cànan a chleachdadh.

Chaidh an sgrìobhainn seo, Plana Gàidhlig [[cuiribh ainm an ùghdarras phoblaich an seo](#)], ullachadh a rèir frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig nar n-obair, mar a bheir sinn cothrom do dhaoine air Gàidhlig a chleachdadh nuair a tha sinn a' conaltradh ris a' phoball agus ri prìomh luchd-compàirt, agus mar a tha sinn a' dol a bhrosnachadh agus a' dol a thoirt na Gàidhlig air adhart.

Chaidh Plana Gàidhlig [[cuiribh ainm an ùghdarras phoblaich an seo](#)] ullachadh a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, agus thugadh fa-near don Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus don Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Bidh luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig ro dheònach ur cuideachadh leis an earrainn seo agus fiosrachadh a thoirt dhuibh air a son ma tha taic a dhìth oirbh.

AONTA RI PLANA GÀIDHLIG [CUIRIBH AINM AN ÙGHARRAIS PHOBLAICH AN SEO]:

Thèid Plana Gàidhlig [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta air XXXXXX.

CO-CHOMHAIRLEACHADH AIR AN DREACHD DEN PHLANA GHÀIDHLIG AGAINN:

Fo Achd 2005 feumaidh ùghdarrasan poblach a tha ag ullachadh Plana Gàidhlig aire a h-uile duine aig am biodh ùidh ann a tharraing chun na dreachd den Phlana aca. Tha [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] air beachdan a shireadh bhon phoball air an dreachd den Phlana Ghàidhlig againn agus ghabh sinn ealla ri beachdan a fhuaras rè ùine a' cho-chomhairleachaidh.

Bu chòir cunntas goirid a bhith san earrainn seo air an dòigh san deach an co-chomhairleachadh a chumail, a' gabhail a-steach nan dòighean a chleachd an t-ùghdarras poblach agaibh gus beachdan dhaoine a shireadh agus cò bhuaithe a dh'iarr sibh beachdan, agus bu chòir fios a bhith ann cuideachd air toraidhean a' cho-chomhairleachaidh. Bu chòir fiosrachadh nas mionaidiche a bhith ann an Eàrr-ràdh 2: Toraidhean a' Cho-chomhairleachaidh, air pròiseas a' cho-chomhairleachaidh.

SÙIL FHARSAING AIR A' GHÀIDHLIG ANN AN ALBA

Tha [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig na pàirt cudromach de dhualchas, dùthchas is cultar na h-Alba. Tha [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] a' toirt ar làn-thaice do na cinn-uidhe sa Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus tha sinn air na structaran is iomairtean a tha dhìth a chur air dòigh gus dèanamh cinnteach gum mair a' Ghàidhlig mar chànan brìoghmhor san àm ri teachd.

Tha [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] a' tuigsinn gu bheil cor na Gàidhlig air stèidh gu math cugallach agus ma tha a' Ghàidhlig a' dol a mhaireachdainn agus a dhol am feabhas mar chànan beò ann an Alba, feumaidh an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt a' chànain uile obrachadh còmhla gus:

- inbhe na Gàidhlig àrdachadh;
- togail is ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart;
- cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.

Bidh luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig ro dheònach ur cuideachadh leis an earrainn seo agus fiosrachadh a thoirt dhuibh air a son ma tha taic a dhìth oirbh.

GÀIDHLIG AN LÙIB OBAIR [CUIRIBH AINM AN ÙGHARRAIS PHOBLAICH AN SEO].

Am measg nam prìomh nithean a bu chòir a bhith nochdadh san earrainn seo tha:

- Mineachadh air mar a tha a' Ghàidhlig air a cleachdadh an dà chuid an lùib obair is dleasan na buidhne agus leis an t-sluagh air a bheil an t-ùghdarras a' frithealadh.
- Paragraf aig an toiseach le fiosrachadh air comasan Gàidhlig an t-sluaigh ann an raon an ùghdarrais phoblaich, an-diugh agus gu h-eachdraidheil.
- Beachd air cho comasach 's a bhiodh e don ùghdarras agaibh fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig an lùib na h-obrach agaibh.

Bu chòir don earrainn seo ealla a ghabhail ris an fhiosrachadh a leanas:

- An dàta as ùire bhon chunntas-shluaigh, a' gabhail a-steach an àireamh iomlan de dhaoine a chaidh a chlàradh a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh, a sgrìobhadh agus a thuigsinn agus na daoine aig a bheil measgachadh de na sgìlean cànan sin.
- Far a bheil luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a' fuireach.
- An àireamh de chloinn ann am foghlam tron Ghàidhlig aig gach ìre agus na h-àiteachan far a bheil am foghlam sin ri fhaotainn.
- Àireamhan is fiosrachadh co-cheangailte ri teagasg na Gàidhlig mar chuspair.
- Sùil fharsaing air obair, tachartasan is gnothaichean Gàidhlig, leithid:
 - Tachartasan tron Ghàidhlig
 - Fiosrachadh air buidhnean coimhearsnachd a tha an sàs ann an gnothaichean Gàidhlig
 - Fiosrachadh air clasaichean Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh, agus ma tha e ri fhaotainn, fiosrachadh air an t-seòrsa chlasaichean agus air an àireamh luchd-ionnsachaidh
 - Fiosrachadh air buidhnean Gàidhlig le oifisean ann an sgìre an ùghdarrais phoblaich

Bidh luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig ro dheònach ur cuideachadh leis an earrainn seo agus fiosrachadh a thoirt dhuibh air a son ma tha taic a dhìth oirbh.

SGRÙDADH AIR COMASAN GÀIDHLIG AN LUCHD-OBACH

Rinn [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] sgrùdadh iomlan air comasan Gàidhlig an luchd-obrach againn mar phàirt den obair gus am Plana Gàidhlig seo ullachadh. Chaidh ealla a ghabhail ri toraidhean an sgrùdaidh sin nuair a chaidh geallaidhean a' Phlana a dhealbh, agus bha iad nan cuideachadh do [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] ann a bhith beachdachadh air na dòighean sam b' urrainn dhuinn dòighean-obrach a stèidheachadh, a chumail suas no a leasachadh airson a bhith cleachdadh na Gàidhlig.

Bu chòir cunntas goirid a bhith san earrainn seo air an sgrùdadh: ciamar a chaidh an sgrùdadh a dhèanamh, agus dè na toraidhean a bh' ann. Bu chòir dhuibh cuideachd

san earrainn seo iomradh a thoirt air na prìomh nithean a leanas a tha an *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig* a' moladh a bu chòir a bhith air an sgrùdadh:

1. Comasan Gàidhlig is cleachdadh na Gàidhlig an lùib obair an ùghdarrais agaibh:
 - An àireamh luchd-obrach as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh, a sgrìobhadh no a thuigsinn agus ìre nan comasan cànan aca.
 - An àireamh luchd-obrach a tha dèanamh trèanadh ann an sgilean Gàidhlig (nan ùine fhèin no san àite-obrach) agus an àireamh dhiubh a tha air a ràdh gum biodh ùidh aca san leithid a thrèanadh.
 - Na roinnean agus/no na h-àiteachan taobh a-staigh na buidhne agaibh far a bheil an luchd-obrach a chaidh a chomharrachadh gu h-àrd ag obair.
 - An àireamh de dhreuchdan a tha air an comharrachadh a-cheana mar dhreuchdan far a bheil Gàidhlig na buannachd no riatanach mar sgil obrach.
 - Na seirbheisean no an obair taobh a-staigh na buidhne a tha gan lìbhrigeadh tron Ghàidhlig mu thràth.
2. Bu chòir clàr a bhith air a chruthachadh de na stuthan uile a tha rim faotainn mu thràth ann an Gàidhlig no gu dà-chànanach, leithid stuthan foillsichte, pàipearachd, foirmichean agus susbaint air-loidhne.
3. Sgrùdadh air na soidhnichean Gàidhlig is dà-chànanach a th' ann mu thràth, taobh a-staigh agus taobh a-muigh thogalaichean.
4. Measadh a dhèanamh air comasan eadar-theangachaidh (sgrìobhte agus labhairteach) luchd-obrach an ùghdarrais agaibh (me, a bheil luchd-obrach aig a' bhuidhinn agaibh a tha ag obair a dh'aona-ghnothach mar eadar-theangairean, a bheil iad air trèanadh fhaighinn no a bheil teisteanasan aca).
5. Bu chòir don ùghdarras cur rompa gun cùm iad fiosrachadh gu cunbhalach air na rudan gu h-àrd. Mura h-eil e aca, bu chòir don ùghdarras cur rompa am fiosrachadh fhaighinn goirid às dèidh dhaibh am plana fhoillseachadh gu poblach agus a chur an gnìomh.

Bu chòir lethbhreac iomlan den Sgrùdadh air Comasan Gàidhlig an Luchd-obrach a chur a-steach an cois na dreachd den *Phlana* mar **Eàrr-ràdh 1**.

Bidh sgioba phlanaichean a' Bhùird ro thoilichte comhairle a thoirt seachad air a bhith cumail sgrùdadh air comasan Gàidhlig an luchd-obrach agaibh.

AM PLANA GÀIDHLIG AN LÙIB AN STRUCTAIR CHORPORRA

Bu chòir don earrainn seo innse gu soilleir ciamar a bhios am Plana Gàidhlig agaibh air fhighe a-steach do structar corporra an ùghdarrais phoblaich agaibh.

Tha am plana seo na phoileasaidh aig [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] agus fhuair e aonta bhon àrd luchd-stiùiridh againn agus bho bhuill na Comhairle.

AN NEACH-DREUCHD A STIÙIREAS COILEANADH A' PHLANA

Thathar a' moladh gum bi deagh cheanglaichean conaltraidh eadar am prìomh oifigear aig an ùghdarras phoblach ris a bheil am plana an urra agus sgioba stiùiridh na buidhne, no gum bi iad nam ball den sgioba stiùiridh, agus gun tèid àrd-mhanaidsear a chomharrachadh, bho thoiseach a' phlana, mar an neach air a bheil uallach iomlan airson a' phlana. Thathar a' moladh gum bi an t-uallach iomlan airson a' phlana air a bhuileachadh air an oifigear chunntachail aig an ùghdarras.

'S e am prìomh oifigear a bhios a' stiùireadh coileanadh a' phlana agus a bhios a' stiùireadh mar a thèid Plana Gàidhlig [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] ullachadh, a lìbhrigeadh agus a sgrùdadh:

AINM
DREUCHD
ROINN
AINM NA BUIDHNE
SEÒLADH
SEÒLADH
SEÒLADH
SEÒLADH

ÀIREAMH-FÒN
SEÒLADH PUIST-D

AN NEACH-DREUCHD RIS A BHEIL E AN URRA DÈANAMH CINNTEACH GUN TÈID AM PLANA A LÌBHRIGEADH BHO LATHA GU LATHA

Tha e an urra ri [cuiribh ainm na dreuchd an seo] dèanamh cinnteach gun tèid Plana Gàidhlig [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] a lìbhrigeadh bho latha gu latha. Bu chòir dhuibh ceistean mu lìbhrigeadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

AINM
DREUCHD
ROINN
AINM NA BUIDHNE

SEÒLADH
SEÒLADH
SEÒLADH
SEÒLADH

ÀIREAMH-FÒN
SEÒLADH PUIST-D

A' BHUIDHEANN A STIÙIREAS ULLACHADH, COILEANADH IS SGRÙDADH A' PHLANA

Gus am prìomh oifigear a chuideachadh agus gus dèanamh cinnteach gun tèid am Plana Gàidhlig fhigh a-steach do structar corporra an ùghdarrais phoblaich, tha am Bòrd a' moladh gun tèid buidheann-obrach airson a' Phlana Ghàidhlig a chur air chois le luchd-obrach bho air feadh na buidhne ris am bi e an urra am plana ullachadh, a choileanadh agus a sgrùdadh.

'S iad na daoine a tha sa bhuidhinn a chaidh a stèidheachadh gus sgrùdadh a dhèanamh air coileanadh a' phlana taobh a-staigh [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo]:

AINM	DREUCHD	ROINN	POST-D
AINM	DREUCHD	ROINN	POST-D...

LUCHD-OBRACH FA LETH:

Dèanaibh mìneachadh an seo air mar a tha an t-ùghdarras a' dol a dh'innse don luchd-obrach mu na dleastanasan a th' orra fon phlana agus air mar a thèid coileanadh nan dleastanasan sin a sgrùdadh.

SEIRBHEISEAN AIR AN LÌBHRIGEADH LE BUIDHNEAN EILE AGUS BUIDHNEAN 'AIR ASTAR'

Dèanaibh mìneachadh an seo air mar a nì an t-ùghdarras agaibh cinnteach gum bi fios aig daoine a tha libhrigeadh sheirbheisean/bathar às ur leth (me, cunnradairean, buidhnean 'air astar' agus buidhnean eile) air na geallaidhean sa Phlana Ghàidhlig agaibh agus mar a nì sibh cinnteach gun cùm iad ris na geallaidhean sin.

GÀIDHLIG AN LÙIB PLANAIDH IS PHOILEASIDHEAN

A' DÈANAMH GÀIDHLIG NA PÀIRT ÀBHAISTEACH DE DH'OBAIR AN ÙGHDARRAIS

Bu chòir dhuibh san earrainn seo aithris a dhèanamh air na dòighean sa bheil an t-ùghdarras poblach a' sùileachadh Gàidhlig a dhèanamh na pàirt àbhaisteach den phrìomh obair aca sa mheadhan-ùine agus san ùine fhada. Mar eisimpleir:

Tha [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] a' gabhail ris gur e ar Plana Gàidhlig am meadhan as motha a bhios againn gus na diofar phrìomhachasan a chaidh a chomharrachadh sa Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig a choileanadh, ach cuideachd gum bi cothroman ann an cànain a chur air adhart agus adhartachadh tro na poileasaidhean a th' againn mu thràth. Bheir [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] sùil air na geallaidhean a th' againn nar poileasaidhean gus raointean a chomharrachadh far an gabh Gàidhlig a dèanamh na pàirt de na poileasaidhean sin agus gus faicinn an gabh prìomhachasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig a thoirt gu buil tro mhodhan-obrach eile. Tha sinn a' coimhead air leasachaidhean den t-seòrsa seo mar nì a bheir taic don phrionnsapal gum bi Gàidhlig na nì àbhaisteach ann am beatha dhaoine, far a bheilear ag amas air Gàidhlig a bhith na pàirt de bheatha làitheil dhaoine ann an Alba.

Bu chòir fios a bhith san earrainn seo cuideachd air mar a tha an t-ùghdarras poblach an dùil oidhirp fhollaiseach a dhèanamh gus Gàidhlig fhisge a-steach do gach riaghailt is modh-obrach poileasaidh a th' ann, a tha gu bhith ann no a thèid ùrachadh. Mar eisimpleir:

Nuair a thathar a' dealbh is ag ùrachadh poileasaidhean no a' sgrùdadh coileanadh poileasaidhean, beachdaichidh [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] air na geallaidhean a rinneadh sa Phlana Ghàidhlig seo, agus nì sinn cinnteach gum bi buaidh sam bith a bheir na poileasaidhean air a' Ghàidhlig a rèir na thathar a' moladh sa Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig.

AM PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG

Tha am Plana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig a' cur prìomhachas air sia prìomh raointean leasachaidh, agus tha gach raon fìor chudromach don iomairt gus an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh, a' bruidhinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba a mheudachadh, agus tha am plana a' comharrachadh prìomh bhuilean co-cheangailte ris gach raon:

Raon Leasachaidh	Prìomh Bhuilean
An Dachaigh agus Na Tràth-bhliadhnaichean	Barrachd dhaoine òga a' togail agus a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus àrdachadh air an àireamh chloinne a tha tòiseachadh ann am foghlam tràth-bhliadhnaichean na Gàidhlig.
Foghlam	<p>Sgoiltean is Tidsearan</p> <p>Àrdachadh air an àireamh chloinne a tha tòiseachadh ann am Foghlam tron Ghàidhlig (FtG), le dùblachadh a bheireadh an àireamh gach bliadhna suas gu 800 ro no ann an 2017.</p> <p>Àrdachadh gach bliadhna san àireamh sgoilearan a th' ann am Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile.</p> <p>Barrachd chuspairean air an teagasg tron Ghàidhlig ann an àrd-sgoiltean.</p> <p>Foghlam Seach-sgoile</p> <p>Àrdachadh air an àireimh de dh'inbhich a tha togail na Gàidhlig bhon 2,000 no mar sin a th' ann an-dràsta gu 3,000 ro no ann an 2017, agus leasachadh air sgilean dhaoine a tha fileanta sa Ghàidhlig.</p>
Coimhearsnachdan	Barrachd chothroman do choimhearsnachdan is do gach seòrsa lionra de luchd-labhairt na Gàidhlig gus Gàidhlig a chleachdadh agus Gàidhlig air a cleachdadh barrachd an lùib thachartasan is seirbheisean coimhearsnachd.
An t-Àite-obrach	Gàidhlig air a cleachdadh barrachd ann an àiteachan-obrach agus barrachd chothroman cosnaidh far a bheil sgilean Gàidhlig a dhìth gus an gabh seirbheisean a libhrigeadh sa chànan.
Na h-Ealain is Na Meadhanan; Dualchas is Turasachd	A' toirt nan ealain is nam meadhanan Gàidhlig air adhart agus sin mar mheadhan gus an cànan a chur air adhart, daoine a thàladh chun a' chànan agus gus an deagh-ghean a th' aig daoine don Ghàidhlig a dhaingneachadh agus iad a' faighinn cothrom Gàidhlig ionnsachadh, a chleachdadh no na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh. Bidh Gàidhlig nas follaisiche an lùib dualchais is turasachd agus thèid barrachd feum a dhèanamh den Ghàidhlig nuair a thathar a' toirt fiosrachadh seachad air eachdraidh is cultar na h-Alba.
An Corpas	Thèid co-òrdanachadh a dhèanamh air obair nam buidhnean a tha an sàs ann a bhith leasachadh corpas na Gàidhlig gus am bi a' Ghàidhlig nas làidire, nas buntainniche, nas cunbhalach agus nas follaisiche ann an Alba.

A' TOIRT TAIC DO CHINN-UIDHE A' PHLANA CÀNAIN NÀISEANTA GHÀIDHLIG

Tha [cuiribh ainm an ùghdarras phoblaich an seo] air cur romhainn gun cuidich sinn le bhith dèanamh cinnteach gun tèid am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig a chur an gnìomh, agus san earrainn seo tha sinn a' cur an cèill mar a tha sinn an dùil sin a dhèanamh.

Feuch gun cleachd sibh na cinn a tha sinn a' moladh gu h-ìosal gus fiosrachadh a thoirt seachad air an obair a tha an t-ùghdarras agaibh a' dèanamh an-dràsta airson taic a thoirt don Ghàidhlig agus gus innse mu na dòighean sa bheil sibh an dùil taic a thoirt don chànan san ùine air thoiseach. Dh'fhaodadh gum bi sibh ag iarraidh cinn a bharrachd a chur ann no an fheadhainn a th' ann atharrachadh gus am bi iad freagarrach airson obair an ùghdarras agaibh.

AN DACHAIGH AGUS NA TRÀTH-BHLIADHNAICHEAN

Adhbharan:

Feuch gum mìnich sibh dè na h-adhbharan a th' agaibh airson nan geallaidhean a tha sibh air a thoirt seachad a thaobh na Gàidhlig airson a' phrìomh raoin leasachaidh seo. Mar eisimpleir:

Tha [cuiribh ainm an ùghdarras phoblaich an seo] a' gabhail ris ma tha a' Ghàidhlig a' dol a mhaireachdainn agus dol a thighinn am feabhas san àm ri teachd gum feum barrachd dhaoine an cànan ionnsachadh agus gum feumar prìomhachas a chur air an dachaigh is na tràth-bliadhnaichean mar am meadhan as cudromaiche gus an ceann-uidhe sin a ruighinn. Nì sinn na nithean a leanas gus cuideachadh le bhith stèidheachadh suidheachadh a bheir taic don iomairt gus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an dachaighean agus aig ìre nan tràth-bliadhnaichean ann an Alba a chur am meud.

- Ga dhèanamh follaiseach do dhaoine cho cudromach 's a tha an dachaigh nuair a thig e gu bhith togail na Gàidhlig agus a' brosnachadh barrachd phàrantan gu bhith roghnachadh foghlam Gàidhlig airson an cuid chloinne
- A' dèanamh cinnteach gu bheil taic phragtaigeach, goireasan is comhairle rim faotainn a thaobh a bhith toirt Gàidhlig do chloinn san dachaigh agus ann am foghlam tràth-bhliadhnaichean na Gàidhlig
- A' dèanamh cinnteach gu bheil na ceanglaichean eadar Gàidhlig san dachaigh agus foghlam tràth-bhliadhnaichean na Gàidhlig air an neartachadh
- A' toirt leasachadh agus leudachadh air obair nam buidhnean ro-sgoile Gàidhlig a tha gan ruith le luchd-obrach saor-thoileach agus air foghlam thràth-bhliadhnaichean reachdail.

FOGHLAM

Adhbharan:

Feuch gum mìnich sibh dè na h-adhbharan a th' agaibh airson nan geallaidhean a tha sibh air a thoirt seachad a thaobh na Gàidhlig airson a' phrìomh raoin leasachaidh seo. Mar eisimpleir:

Tha [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] a' gabhail ris ma tha a' Ghàidhlig a' dol a mhaireachdainn agus dol a thighinn am feabhas san àm ri teachd gum feumar àrdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine as urrainn an cànan a bhruidhinn. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha foghlam, trèanadh agus ionnsachadh fad-beatha ann a bhith ruighinn air a' cheann-uidhe seo. Nì sinn na nithean a leanas gus cuideachadh le bhith stèidheachadh suidheachadh a bheir taic don iomairt gus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba a chur am meud:

- A' cur ris na th' ann de dh'iomairtean is oidhirpean a tha gan dèanamh gus FtG is FLI a chur air adhart, a stèidheachadh agus a leudachadh aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile.
- A' dèanamh cinnteach gu bheilear a' dèanamh gu leòr a thaobh trusadh, gleidheadh is foghlam thidsearan FtG is FLI agus gu bheil iad a' faighinn taic iomchaidh agus cothroman gu leòr gus na sgilean aca a leasachadh.
- A' toirt taghadh farsaing de chothroman do dhaoine òga ann am FtG agus FLI gus pàirt a ghabhail ann an tachartasan a leigeas leotha na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh agus iad a' cleachdadh Gàidhlig barrachd.
- A' dèanamh cinnteach gun tèid gach ceum a ghabhail as urrainnear gus dèanamh cinnteach gum faighear foghlam sàr-mhath ann am FtG is FLI tro Stiùireadh Nàiseanta agus le dòighean eile.
- A' toirt barrachd chothroman do dh'inbhich gus Gàidhlig ionnsachadh agus taghadh farsaing de chothroman ionnsachaidh ann sam faod iad pàirt a ghabhail agus a' meudachadh na h-àireimh de dh'inbhich a tha ruighinn fileantas.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman ann do dh'inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus do dh'fhileantaich gus na sgilean litearrachd aca agus na sgilean cànan eile aca a chumail suas agus gus na sgilean sin a leasachadh.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan matha ann a bheir taic do dh'inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig.
- A' leudachadh air na dòighean sònraichte san urrainn do dh'Fhoghlam Adhartach is Foghlam Àrd-ìre cur ri ìomhaigh na Gàidhlig ann an Alba.

COIMHEARSNACHDAN

Adhbharan:

Feuch gum mìnich sibh dè na h-adhbharan a th' agaibh airson nan geallaidhean a tha sibh air a thoirt seachad a thaobh na Gàidhlig airson a' phrìomh raoin leasachaidh seo. Mar eisimpleir:

Tha [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] a' gabhail ris gu bheil an ìre 's gu bheil cànan air a cleachdadh mar phàirt de bheatha làitheil dhaoine a' toirt buaidh air

inbhe a' chànain sin. Tha [\[cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo\]](#) cuideachd a' gabhail ris gu bheil mar a chuireas buidhnean oifigeil, aig a bheil àite cudromach nar beatha làitheil, sùim ann an cànan agus mar a tha iad air am faicinn mar bhuidhnean oifigeil a chuireas sùim ann an cànan a' toirt buaidh air inbhe a' chànain sin. Tha [\[cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo\]](#) a' gabhail ris ma tha a' Ghàidhlig a' dol a mhaireachdainn agus a' dol a thighinn am feabhas san àm ri teachd chan e a-mhàin gum feumar àrdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine as urrainn an cànan a bhruidhinn, ach cuideachd feumaidh a' Ghàidhlig a bhith air a cleachdadh barrachd. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil e cudromach gum faigh barrachd dhaoine cothrom a' Ghàidhlig a chleachdadh mar an cànan as fheàrr leotha a chleachdadh agus mar an cànan conaltraidh àbhaisteach aca an lùib barrachd is barrachd shuidheachaidhean làitheil. Nì sinn na nithean a leanas gus cuideachadh le bhith stèidheachadh suidheachadh a bheir taic don iomairt gus cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud ann an coimhearsnachdan air feadh Alba:

- A' toirt leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig agus ga dèanamh nas follaisiche tro dhiofar sheirbheisean tron Ghàidhlig ann an sgìrean far a bheil comasan Gàidhlig aig 20%* no barrachd den t-sluagh.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil taic ann do dh'iomairtean a tha brosnachadh dhaoine bho gach seòrsa coimhearsnachd de luchd-labhairt na Gàidhlig gu bhith ga cleachdadh.
- A' toirt taic do dh'iomairtean a nì feum de na sgilean is comasan aig luchd-labhairt na Gàidhlig an lùib thachartasan coimhearsnachd.
- A' cruthachadh barrachd shuidheachaidhean far an urrainn do dhaoine òga agus do dh'inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig an cànan a chleachdadh gu neo-fhoirmeil.

*Stèidhichte air paraistean catharra (dàta bho Chlàran Nàiseanta na h-Alba).

AN T-ÀITE-OBACH

Adhbharan:

Feuch gum mìnich sibh dè na h-adhbharan a th' agaibh airson nan geallaidhean a tha sibh air a thoirt seachad a thaobh na Gàidhlig airson a' phrìomh raoin leasachaidh seo. Mar eisimpleir:

Tha [\[cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo\]](#) a' gabhail ris gu bheil Gàidhlig na sgil chudromach a tha cur ri comasan is èifeachdas ar luchd-obrach agus gum bi e na bhuannachd do mhargaidh-obrach na Gàidhlig san fharsaingeachd ma thèid sgilean Gàidhlig aithneachadh gu foirmeil agus gu follaiseach. Nì sinn na nithean a leanas gus comasan Gàidhlig ar luchd-obrach agus cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach ann an Alba a mheudachadh:

- A' brosnachadh bheachdan taiceil don Ghàidhlig san àite-obrach tro bhith toirt fiosrachadh seachad mun chànain agus soidhnichean.
- A' toirt barrachd chothroman do luchd-obrach Gàidhlig ionnsachadh agus do luchd-labhairt na Gàidhlig na sgilean cànan aca a leasachadh.

- A' cumail suas agus a' cur ri cho làidir 's a tha suidheachadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach, gu h-àraidh ann an sgìrean far a bheil 20%* no barrachd den t-sluagh a' bruidhinn Gàidhlig sa choimhearsnachd air a bheilear a' frithealadh.
- A' brosnachadh bhuidhnean is **chompanaidhean** gu bhith fastadh luchd-labhairt na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gum bi an cànan air a faicinn agus air a cleachdadh barrachd san àite-obrach agus an lùib sheirbheisean don phoball.

*Stèidhichte air paraistean catharra (dàta bho Chlàran Nàiseanta na h-Alba).

NA MEADHANAN IS NA H-EALAIN; DUALCHAS IS TURASACHD

Adhbharan:

Feuch gum minich sibh dè na h-adhbharan a th' agaibh airson nan geallaidhean a tha sibh air a thoirt seachad a thaobh na Gàidhlig airson a' phrìomh raoin leasachaidh seo. Mar eisimpleir:

Tha [\[curibh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo\]](#) ag aithneachadh cho fìor chudromach 's a tha gnìomhachasan nam meadhanan, nan ealain, dualchais agus turasachd ann a bhith a' toirt taic don amas gus cleachdadh na Gàidhlig is ùidh sa chànan a dhaingneachadh is a mheudachadh air feadh Alba. Tha sinn cuideachd a' gabhail ris gu bheil na raointean sin a' cur gu mòr ri eaconamaidh na h-Alba. Nì sinn na nithean a leanas gus cuideachadh le bhith stèidheachadh suidheachadh a bheir taic don iomairt gus fàs a thoirt air meadhanan, ealain, dualchas is turasachd na Gàidhlig ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta:

- A' cleachdadh barrachd Gàidhlig an lùib nan ealain agus nam meadhanan air feadh Alba, a' gabhail a-steach tachartasan nàiseanta.
- A' toirt taic do chothroman an lùib nan ealain is nam meadhanan gus bratach na Gàidhlig a thogail.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a' mhòr-shluagh air taghadh farsaing de thachartasan ealain Gàidhlig, le bhith gan sanasachd tro na meadhanan agus tro dhòighean eile.
- A' meudachadh an àireamh dhaoine a tha gabhail pàirt sna h-ealain agus sna meadhanan, no a tha gabhail tlachd annta, agus na h-ealain is meadhanan sin gan cuideachadh le bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus a' brosnachadh deagh-ghean don Ghàidhlig.
- Bidh Gàidhlig air a cur air adhart mar phàirt sònraichte de dhualchas na h-Alba agus an cànan air a faicinn agus air a cluinntinn an lùib an dualchais sin.
- A' cleachdadh barrachd Gàidhlig an lùib dualchais is turasachd, a' gabhail a-steach soidhnichean agus stuthan-mìneachaidh an dà chuid san roinn phoblaich agus san roinn phrìobhaidich.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil aithne iomchaidh ga toirt don Ghàidhlig agus gu bheil i air a cleachdadh ann an àiteachan anns a bheil ùidh shònraichte aig daoine agus nuair a thathar a' dèanamh sanasachd air tachartasan nàiseanta.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman aig luchd-turais ionnsachadh mu cho cudromach 's a bha Gàidhlig ann an eachdraidh na h-Alba agus mun àite a th' aig a' Ghàidhlig ann an Alba san latha an-diugh.

AN CORPAS

Adhbharan:

Feuch gum mìnich sibh dè na h-adhbharan a th' agaibh airson nan geallaidhean a tha sibh air a thoirt seachad a thaobh na Gàidhlig airson a' phrìomh raoin leasachaidh seo. Mar eisimpleir:

Tha [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] a' gabhail ris gum feumar a' Ghàidhlig a dhèanamh nas buntainniche agus nas cunbhalaiche mar chànan, agus gu bheil e cudromach gun tèid seirbheisean eadar-theangachaidh fìor mhath a thabhann agus gun tèid rannsachadh air a' chànan a chur air adhart. Nì sinn na nithean a leanas gus corpas na Gàidhlig a neartachadh ann an Alba:

- A' co-òrdanachadh diofar iomairtean cànan le bhith toirt taic do dh'Fhòram airson Leasachadh a' Chorpais.
- A' dèanamh cinnteach gum bi taic ann do dh'iomairtean a tha cur ri cho buntainneach is cho cunbhalach 's tha a' Ghàidhlig.
- A' dèanamh cinnteach gum bi taic iomchaidh ann do leasachaidhean a thaobh eadar-theangachaidh sgrìobhte is labhairteach.
- A' sgaoileadh fiosrachadh is ghoireasan a bhuineas ris an raon leasachaidh seo.

PRÌOMHACHASAN NÀISEANTA RIAGHALTAS NA H-ALBA

Tha Bòrd na Gàidhlig air cur roimhe gun cuidich e ann a bhith coileanadh nan Ceann-uidhe Ro-innleachdail a stèidhich Riaghaltas na h-Alba, agus tha e air na dòighean a chomharrachadh sa bheil amasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig a' cuideachadh le bhith libhrigeadh Builean Nàiseanta na h-Alba.

Raon Leasachaidh	#	Fios air na Builean Nàiseanta
An Dachaigh is Na Tràth-bhliadhnaichean	5	Tha na cothroman as fheàrr aig ar cuid chloinne nam beatha agus tha iad deiseil gus a bhith soirbheachail.
Foghlam	4	Tha misneachd aig ar cuid òigridh, tha iad ag ionnsachadh gu h-èifeachdach, tha iad nan saoranaich chùramach agus bhuidhreach.
An Corpas	3	Tha foghlam is sgilean nas fheàrr againn, tha sinn nas soirbheachaile, agus ainmeil airson ar cuid rannsachaidh is innleachdais.
Coimhearsnachdan An t-Àite-obrach	11	Tha coimhearsnachdan làidir, seasmhach is taiceil againn far a bheil daoine a' gabhail cùram mu dè nì iad agus dè bhuidh a dh'fhaodadh sin a thoirt air càch.
	2	Tha ar n-eaconamaidh air àirde a ruighinn le barrachd chothroman obrach agus cothroman obrach nas fheàrr do ar sluagh.
	6	Tha sinn beò nas fhaide, agus tha sinn nas fallaine.
Na h-Ealain is Na Meadhanan Dualchas is Turasachd	13	Tha sinn moiteil à dearbh-aithne nàiseanta a tha làidir, cothromach agus in-ghabhalach.
Am Plana air fad	16	Tha sàr sheirbheisean poblach againn, a tha a' sìor fhàs nas fheàrr, agus a tha èifeachdach agus mothachail air feumalachdan dhaoine aig ìre ionadail.
	7	Dhèilig sinn ris na cùisean as motha a tha ag adhbharachadh neo-ionannachd ann an Alba.

Ann a bhith ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig, bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach sealltainn ciamar a tha iad an dùil cuideachadh le bhith toirt nan Ceann-uidhe Ro-innleachdail gu buil agus bu chòir dhaibh dòighean a chomharrachadh sam bi na gnìomhan sa phlana aca a' toirt taic do na Cinn-uidhe Ro-innleachdail. 'S iad Cinn-uidhe Ro-innleachdail na h-Alba gum bi dùthaich ann a tha:

1. Nas Beartaiche is nas Cothromaiche

2. Nas Tùraile
3. Nas Fallaine
4. Nas Sàbhailte is nas Treasa; agus
5. Nas Taiceil don Àrainneachd

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Chinn-uidhe Ro-innleachdail na h-Alba, tadhlaibh air:

<http://www.scotland.gov.uk/About/Performance/scotPerforms/objectives>

Tha na sia Builean deug Nàiseanta airson Alba a' cur an cèill mar a tha an Riaghaltas an dùil na cinn-uidhe aca a choileanadh, agus tha iad a' mìneachadh dè na h-amasan a th' aig an Riaghaltas airson na dùthcha san ùine air thoiseach.

Airson tuilleadh fiosrachaidh air Builean Nàiseanta na h-Alba, tadhlaibh air:

<http://www.scotland.gov.uk/About/Performance/scotPerforms/outcome>

PRÌOMHACHASAN AN RIAGHALTAIS IONADAIL

Nuair a tha e iomchaidh, bu chòir fiosrachadh soilleir a bhith san earrainn seo air mar a tha am Plana Gàidhlig aig an ùghdarras phoblach a' dol a thoirt taic ann an dòigh phragtaigeach do phrìomhachasan an riaghaltais ionadail, leithid na feadhna a gheibhear ann an Aontaidhean nan Com-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd, ann an Aontaidhean Singilte airson Bhuilean agus ann am Planaichean Gàidhlig nan Ùghdarrasan Ionadail fhèin, nuair a tha plana aca.

GEALLAIDHEAN A' PHLANA

GEALLAIDHEAN ÀRD-ÌRE

Gus ùghdarrasan poblach a chuideachadh le bhith dealbh nam Planaichean Gàidhlig aca, bheir am Bòrd taghadh de “amasan àrd-ìre” seachad an cois an fhios-phlana fhoirmeil. Thèid na h-amasan àrd-ìre sin aontachadh le Ministearan na h-Alba ro-làimh agus bidh iad a' cur an cèill prìomhachasan a' Bhùird airson an ùghdarras phoblach sin, agus bheir iad taic do dh'amasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig as ùire agus do choileanadh nam Builean Nàiseanta.

Gabhaidh am Bòrd ealla ris na h-amasan àrd-ìre sin nuair a nì iad measadh foirmeil air a' phlana, agus mar sin thathar a' moladh gun toir ùghdarrasan poblach aire chùramach dhaibh nuair a tha iad a' sgrìobhadh a' phlana aca.

Nuair a tha an t-ùghdarras poblach a' toirt gheallaidhean seachad a thaobh amasan àrd-ìre a stèidhich Bòrd na Gàidhlig, bu chòir dhaibh an structar a leanas a chleachdadh:

1. A' bhuil a thathar a' moladh
2. Na tha tachairt an-dràsta
3. Na gnìomhan a tha dhìth
4. An Ceann-latha airson a' bhuil a choileanadh
5. An t-oifigear le uallach airson na buile

Dh'fhaodadh gum bi na h-eisimpleirean de chlàran a chithear san earrainn, *Geallaidhean a thaobh Ìrean Seirbheis*, san sgrìobhainn seo no a chithear san *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig* feumail do dh'ùghdarrasan poblach nuair a tha iad a' comharrachadh nan geallaidhean àrd-ìre aca.

GEALLAIDHEAN A THAOBH ÌREAN SEIRBHEIS

San sgrìobhainn reachdail, Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig ag ràdh gu bheil e fìor chudromach do dh'ath-nuadhachadh a' chànan gum bi suidheachaidhean iomchaidh ann far an gabh Gàidhlig a cleachdadh san t-saoghal phoblach.

Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean a chomharrachadh far a bheilear a' lìbhrigeadh sheirbheisean agus e ag iarraidh air ùghdarrasan poblach ealla a ghabhail ris na raointean sin nuair a tha iad ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig, agus tha e air nithean, dleasan no gnìomhan a bhuineas ris gach raon a chomharrachadh a dh'fhaodadh cur ri amasan a' phlana:

Raon	Dleastanas/Gnìomh
Follaiseachd	Suaicheantas Corporra
	Soidhnichean

Luchd-obrach	Sanasan airson dreuchdan
	A' fastadh luchd-obrach le Gàidhlig
	Ag ionnsachadh na Gàidhlig
	Trèanadh a bheir fiosrachadh do luchd-obrach mun Ghàidhlig
Obair làitheil	A' brosnachadh dhaoine gu bhith cleachdadh Gàidhlig san àite-obrach agus ann an conaltradh taobh a-staigh na buidhne
	Seirbheis-fòn
	Conaltradh sgrìobhte
	Foirmichean
	Seirbheisean a tha dèiligeadh ris a' phoball
Conaltradh	Coinneamhan poblach
	Na meadhanan is an dàimh ris a' phoball
	Stuthan clò-bhuailte
	An làrach-lìn is na meadhanan sòisealta
	Tachartasan is Taisbeanaidhean
An Corpas	A' cumail ri Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig
	A' cleachdadh ainmean-àite gu ceart
	A' cumail ri ìrean iomchaidh airson eadar-theangachadh sgrìobhte is labhairteach

Airson nan geallaidhean a thèid a thoirt seachad mu choinneamh nan dleastanasan/gnìomhan gu h-àrd, bu chòir structar mar a leanas a bhith ann:

1. A' bhui a thathar a' moladh
2. Na tha tachairt an-dràsta
3. Na gnìomhan a tha dhìth
4. An Ceann-latha airson a' bhui a choileanadh
5. An t-oifigeir le uallach airson na buile

Bu chòir don ùghdarras poblach agaibh dèanamh soilleir, ann an clàr nan geallaidhean airson ìrean seirbheis sna duilleagan a leanas, ciamar a thèid gach seirbheis a thathar an dùil a thoirt don phoball ann an Gàidhlig a lìbhrigeadh, a chumail suas no a leasachadh rè ùine a' phlana.

FOLLAISEACHD

Adhbharan:

Ma tha a' Ghàidhlig ga faicinn mar phàirt de dh'ìomhaigh chorporra an ùghdarras phoblaich agus air na soidhnichean aca, tha e a' cur gu mòr ri cho follaiseach 's a tha an cànan, tha e a' togail inbhe a' chànain agus tha e a' toirt seachad teachdaireachd làidir gu bheil a' cur sùim sa Ghàidhlig agus a' sealltainn spèis dhi. Cuideachd, ma thèid Gàidhlig a chleachdadh air soidhnichean, faodaidh sin cur ri briathrachas an luchd-labhairt, an cànan a chur fa chomhair an t-sluaigh agus cuideachadh le bhith toirt a' chànain air adhart.

Tha [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] a' gabhail ris gu bheil e cudromach gum bi Gàidhlig nas follaisiche agus gun tèid inbhe a' chànain àrdachadh.

Follaiseachd	
Dleastanas/Gnìomh	me, Suaicheantas corporra
A' Bhuil a thathar a' moladh	
Na tha tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
An ceann-latha airson a' bhuil a choileanadh	
An t-oifigear le uallach airson na buile	

LUCHD-OBACH

Adhbharan:

Gus seirbheisean a libhrigeadh tron Ghàidhlig, feumaidh na sgilean obrach agus na sgilean cànanain iomchaidh a bhith aig an luchd-obrach. Ma tha cothroman ann do luchd-obrach gus Gàidhlig ionnsachadh cuidichidh sin le bhith brosnachadh inbheich gu bhith ag ionnsachadh a' chànain agus bidh na cothroman sin a' toirt inbhe don Ghàidhlig mar sgil fheumail san àite-obrach. Ma thèid obraichean a chomharrachadh mar dhreuchdan far a bheil sgilean Gàidhlig a dhìth, cuiridh sin gu mòr ri inbhe a' chànain agus bidh Gàidhlig air a faicinn mar sgil obrach as fhiach fhaotainn.

Ma thèid Gàidhlig a chleachdadh ann an sanasan, tha sin a' cuideachadh le bhith sealltainn gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdadh san t-saoghal phoblach agus gu bheil àite cudromach aig daoine a bhios a' cleachdadh Gàidhlig an lùib obair nan ùghdarrasan poblach.

Às bith dè an ìre de chomasan Gàidhlig a tha dhìth, tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan poblach cinnteach gu bheil feum dha-rìribh air na comasan sin airson na dreuchd. Bu chòir do dh'ùghdarrasan slatan-tomhais cothromach aontachadh is a chur an sàs gus dèanamh cinnteach gun tèid daoine fhadhadh ann an dòigh a tha cothromach is cunbhalach airson gach dreuchd, agus gach duine air am fastadh a rèir nan sgilean a chaidh a chomharrachadh airson na dreuchd.

Tha [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] a' gabhail ris gu bheil e cudromach gum bi Gàidhlig air a faicinn mar sgil obrach chudromach agus gun tèid suidheachaidhean a chomharrachadh far am biodh e riatanach no na bhuanachd an cànan a chleachdadh. Tha [cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo] cuideachd a' gabhail ris gu bheil e cudromach gum faigh

luchd-obrach cothrom na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh ma tha iad ag iarraidh.

Luchd-obrach	
Dleastanas/Gnìomh	me, Trèanadh ann an Gàidhlig
A' Bhuil a thathar a' moladh	
Na tha tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
An ceann-latha airson a' bhuil a choileanadh	
An t-oifigear le uallach airson na buile	

OBAIR LÀITHEIL

Adhbharan:

Ma thèid Gàidhlig a chleachdadh aig a' chiad chothrom nuair a tha an t-ùghdarras poblach a' conaltradh no a' dèiligeadh ris a' phoball, bidh an cànan nas follaisiche agus air a cluinntinn barrachd, agus cuidichidh sin le bhith sealltainn do dhaoine gun gabh Gàidhlig a cleachdadh agus gu bheilear a' brosnachadh cleachdadh a' chànain. A bharrachd air a bhith togail ìomhaigh a' chànain, tha seo cuideachd a' cruthachadh chothroman gus an cànan a chleachdadh ann an dòighean pragtaigeach agus tha e a' brosnachadh dhaoine gu bhith cleachdadh na Gàidhlig nuair a bhios iad a' dèiligeadh ris an ùghdarras phoblach a-rithist.

Ma thèid Gàidhlig a chleachdadh an lùib conaltraidh eadar an t-ùghdarras poblach agus am poball a thèid a dhèanamh tron phost, tro phost-d no air a' fòn, tha sin na dhòigh chudromach gus cothroman pragtaigeach a chruthachadh gus an cànan a chleachdadh, agus cuidichidh e le bhith sealltainn do dhaoine gun gabh Gàidhlig a cleachdadh agus gu bheilear a' brosnachadh cleachdadh a' chànain. Cuideachd, ma chithear Gàidhlig air taghadh farsaing de dh'fhoirmichean dà-chànanaich agus foirmichean a tha ann an Gàidhlig a-mhàin, cuiridh sin gu mòr ri follaiseachd agus inbhe a' chànain. Cuideachd, ma thèid foirmichean, iarrtasan no sgrìobhainnean eile a dheasachadh ann an Gàidhlig, faodaidh sin cuideachadh le bhith leudachadh briathrachas na Gàidhlig, bheir e a leithid a bhriathrachas gu aire luchd-labhairt na Gàidhlig, agus cuidichidh sin le adhartachadh a' chànain.

Tha [cuiribh ainm an ùghdarras phoblaich an seo] a' gabhail ris gu bheil e cudromach gun tèid cothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha sinn air a chur romhainn cur ris na suidheachaidhean sin tro ar n-obair.

Obair Làitheil
Dleastanas/Gnìomh me, Seirbheis-fòn
A' Bhuil a thathar a' moladh
Na tha tachairt an-dràsta
Na gnìomhan a tha dhìth
An ceann-latha airson a' bhuil a choileanadh
An t-oifigear le uallach airson na buile

CONALTRADH

Adhbharan:

Ma thèid Gàidhlig a chleachdadh sna meadhanan agus ann an stuthan clò-bhuailte, faodaidh sin cuideachadh le adhartachadh na Gàidhlig ann an caochladh dhòighean. Bidh an cànan nas follaisiche, agus ma thèid Gàidhlig a chleachdadh ann an stuthan foillsichte le àrd-iomhaigh cuiridh sin ri inbhe a' chànain, agus faodaidh e cuideachadh le bhith cur ri briathrachas a' chànain agus le bhith cruthachadh briathrachas ùr. Ma chleachdas an t-ùghdarras poblach Gàidhlig sna meadhanan, tha iad a' sealltainn gu bheil iad air cur romhpa fiosrachadh cudromach a thoirt seachad sa Ghàidhlig, agus bidh an cànan nas follaisiche agus thèid inbhe a' chànain àrdachadh. Tha ùghdarrasan poblach a' faicinn gu bheil barrachd is barrachd dhaoine a' faotainn fiosrachadh tro na làraich-lìn aca, agus mar sin, ma tha Gàidhlig ri a faicinn air na làraich-lìn sin cuiridh sin gu mòr ri inbhe agus follaiseachd a' chànain.

Tha [cuiribh ainm an ùghdarras phoblaich an seo] a' cur romhainn gun cleachd sinn barrachd Gàidhlig ann an conaltradh/an lùib mhodhan-conaltraidh nuair a tha sinn a' dèiligeadh ris na cuspairean as motha sa bheil ùidh aig a' mhòr-shluagh no ri cuspairean a bhuineas gu h-àraidh ris a' Ghàidhlig.

Conaltradh	
Dleastanas/Gnìomh	me, Plana Corporra Ro-innleachdail; stuthan foillsichte a tha air an leughadh gu mòr leis a' mhòr-shluagh msaa.
A' Bhuil a thathar a' moladh	

Na tha tachairt an-dràsta
Na gnìomhan a tha dhìth
An ceann-latha airson a' bhuil a choileanadh
An t-oifigear le uallach airson na buile

AN CORPAS

Adhbharan:

Tha e deatamach do chor na Gàidhlig ann an Alba gun tèid Corpas a' chànain a leasachadh. Ma thèid obair a dhèanamh a thaobh seo, bidh cothrom ann briathrachas is ìrean-cainnte ùra a chruthachadh agus bidh an cànan nas buntainniche agus nas cunbhalaiche. Airson nan adhbharan sin, thèid ceumannan a ghabhail gus dèanamh cinnteach gun lean an t-adhartas le bhith leasachadh corpas na Gàidhlig.

Tha **[cuiribh ainm an ùghdarras phoblaich an seo]** a' gabhail ris gu bheil e cudromach gun tèid corpas na Gàidhlig a leasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil i freagarrach airson gach adhbhar a thèid a cleachdadh agus gu bheil i freagarrach airson a cleachdadh san iomadh suidheachadh sam bi i air a cur gu feum.

An Corpas	
Dleastanas/Gnìomh	me, ainmean-àite Gàidhlig
A' Bhuil a thathar a' moladh	
Na tha tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
An ceann-latha airson a' bhuil a choileanadh	
An t-oifigear le uallach airson na buile	

COILEANADH IS SGRÙDADH

CLÀR-AMA

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil airson [\[roghnaichibh ùine suas gu 5 bliadhna\]](#) bliadhna bhon cheann-latha air an d' fhuair e aonta bho Bhòrd na Gàidhlig. Nì sinn ath-sgrùdadh air a' phlana ro dheireadh na h-ùine seo, nì sinn atharraichean air mar a bhios a dhìth agus cuiridh sinn a-steach e chun a' Bhùird airson aonta.

Ann an Earrainn 7 *Geallaidhean a' Phlana*, tha sinn air cinn-latha fa leth a stèidheachadh airson nuair a tha sinn an dùil diofar gheallaidhean a choileanadh.

A' FOILLSEACHADH A' PHLANA

Aon uair 's gum faighear aonta foirmeil airson a' Phlana Ghàidhlig agaibh, feuch gun dèan sibh cinnteach gun nochd am fiosrachadh a thathar a' moladh san Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig air duilleig-aghaidh na dreachd dheireannaich den phlana agus cuideachd gun nochd am fiosrachadh a thathar a' moladh san litir aonta foirmeil bhon Bhòrd air an duilleig-aghaidh.

A' TOIRT A' PHLANA AM FOLLAIS

TAOBH A-MUIGH AN ÙGHDARRAIS

Thèid Plana Gàidhlig [\[cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo\]](#) fhoillseachadh gu dà-chànanach air làrach-lìn [\[cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo\]](#). Cuideachd, nì sinn na leanas:

Cleachdaidh sinn feadhainn de na dòighean a leanas math dh'fhaodte a thathar a' moladh gus am plana a thoirt am follais:

- sgaoilidh sinn brath-naidheachd dà-chànanach le fios mun phlana;
- cuiridh sinn lethbhric den phlana nar h-oifisean poblach agus sna h-ionadan-fàilte againn, agus innsidh sinn don luchd-obrach againn tro eadra-lìon [\[cuiribh ainm an ùghdarrais phoblaich an seo\]](#);
- cuiridh sinn lethbhric den phlana gu Buidhnean Poblach Neo-roinneil agus buidhnean, àidseantan agus gu cunnradairean;
- cuiridh sinn lethbhric den phlana gu buidhnean Gàidhlig;
- cuiridh sinn lethbhric den phlana gu buidhnean eile aig a bheil ùidh sa chùis; agus
- bheir sinn seachad lethbhreac den phlana ma thèid iarraidh oirnn.

AG INNSE DO BHUIDHNEAN EILE MUN PHLANA

Cuiribh mìneachadh an seo air mar a tha an t-ùghdarras agaibh a' dol a dh'innse do bhuidhnean eile mun phlana, gu h-àraidh buidhnean ceum a-mach bhon ùghdarras agus buidhnean 'air astar' leis a bheil sibh ag obair gus seirbheisean a libhrigeadh, agus mìneachadh air mar a b' urrainn dhuibh am brosnachadh gu bhith ag obair a rèir amasan a' phlana seo.

TAOBH A-STAIGH AN ÙGHDARRAIS

Ag innse do luchd-obrach fa leth aig gach ìre den bhuidhinn mu na dleastanasan aca fon phlana.

MAR A THÈID AM PLANA A MHAOINEACHADH

Cuiribh mìneachadh an seo air mar a tha an t-ùghdarras agaibh a' dol a mhaoineachadh nan gnìomhan a tha ainmichte sa phlana agaibh, a thaobh nan seirbheisean a tha sibh an dùil a libhrigeadh.

A' SGRÙDADH COILEANADH A' PHLANA

Cuiribh mìneachadh an seo air mar a tha an t-ùghdarras agaibh a' dol a sgrùdadh coileanadh a' Phlana Ghàidhlig agaibh. Cuideachd, bu chòir dhuibh innse mar a tha sibh a' dol a chur aithisg-sgrùdaidh gu Bòrd na Gàidhlig gach bliadhna.

Bu chòir dhuibh na leanas a sgrùdadh feuch an deach na gnìomhan a choileanadh:

- A' foillseachadh a' phlana don phoball
- A' foillseachadh a' phlana do bhuidhnean ceum a-mach bhon ùghdarras is Buidhnean 'Air Astar', agus gam brosnachadh gu bhith cur taic ris na geallaidhean sa phlana
- Mar a thèid innse do luchd-obrach fa leth mu na dleastanasan a th' orra fon phlana, agus an ìre 's gu bheil iad a' coileanadh nan dleastanasan aca
- A' sgrùdadh coileanadh nan geallaidhean a thugadh seachad ann an Earrainn 7
- Mar a thèid am plana a mhaoineachadh
- A' cur aithisgean bliadhnail gu Bòrd na Gàidhlig
- A' foillseachadh aithisgean-adhartais airson a' Phlana Ghàidhlig gu poblach

EÀRR-RÀDH 1 - SGRÙDADH AIR COMASAN GÀIDHLIG AN LUCHD-OBACH

'S e aon de na prìomh ghnìomhan riatanach a dh'fheumar a choileanadh nuair a thathar a' gabhail Plana Gàidhlig os làimh, sgrùdadh iomlan a dhèanamh air comasan Gàidhlig an luchd-obrach agaibh agus an sgrùdadh sin air a chumail a rèir geallaidhean a' phlana. Bu chòir sin a dhèanamh mar phàirt de bhith ag ullachadh a' phlana.

Feuch gun cuir sibh lethbhreac den aithisg air an sgrùdadh sin ann an seo mar phàirt den dreachd den phlana agaibh.

Gheibhear fiosrachadh mionaideach air mar a bu chòir dhuibh an Sgrùdadh air Comasan Gàidhlig an Luchd-obrach a shealltainn sa phlana agaibh air duilleagan 36-37 den Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Bidh sgioba phlanaichean a' Bhùird ro thoilichte comhairle a thoirt seachad air a bhith cumail sgrùdadh air comasan Gàidhlig an luchd-obrach agaibh.

EÀRR-RÀDH 2 - TORAIDHEAN A' CHO- CHOMHAIRLEACHAIDH

Ann an Earrainn 3(6) de dh'Achd 2005 tha e ag ràdh, ann a bhith ag ullachadh plana Gàidhlig, feumaidh ùghdarras poblach buntainneach beachdan a shireadh bho dhaoine a tha e coltach aig am biodh ùidh sa chùis.

Gus an dleastanas sin a choileanadh, tha am Bòrd a' moladh gun cùm ùghdarrasan poblach co-chomhairleachadh poblach mar phàirt den obair gus am Plana Gàidhlig ullachadh far a bheil iad a' sireadh beachdan bhon phoball agus bhon luchd-obrach aca.

Thathar a' gabhail ris gum bi modhan-obrach fa leth aig gach ùghdarras poblach gus co-chomhairleachadh a chumail, ach bu chòir dhuibh na ceumannan a chithear air duilleagan 29-30 den Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig a leantainn a thaobh a bhith ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig gus am bi Bòrd na Gàidhlig riarachtaichte gu bheilear a' cumail ris na cumhachan ann an 3(6) de dh'Achd 2005.

Bidh sgioba phlanaichean a' Bhùird ro thoilichte comhairle a thoirt seachad air mar a chumas sibh co-chomhairleachadh èifeachdach mar phàirt de bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig.

EÀRR-RÀDH 3 - LETHBHREAC DE PHOILEASaidH GÀIDHLIG A TH' AGAIBH MU THRÀTH

Cuiribh lethbhreac an seo de Phoileasaidh Gàidhlig sam bith a th' agaibh.